



# Carraighean Clàraichte

STIÙIREADH DO SHEALBHADAIREAN, LUCHD-CÒMHNAIDH IS  
MANAIDSEARAN.



HISTORIC SCOTLAND  
ALBA AOSMHOR

## Ìomhaighean air a' chòmhdach-aghaidh

Dealbh mòr air an taobh dheis: Easter Bleaton, baile-fearainn an dèidh nam Meadhan Aoisean, Peairt is Cinn Rois © Còraichean a' Chrùin: R.CAHMS. Ceadaichear [www.rcahms.gov.uk](http://www.rcahms.gov.uk)

Clì aig a' bhàrr: Kidlaw Hillfort, Lodainn an Ear © Còraichean a' Chrùin: Alba Aosmhor

Clì aig a' bhonn: Dùn Charlabhaigh, na h-Eileanan Siar © Còraichean a' Chrùin: Alba Aosmhor

## Ro-ràdh

Tha làraichean is carraighean àrsaidh mar phàirt den ìomhaigh nàiseanta is ionadail againn, mar sgathan air beatha nan daoine a bha a' fuireach ann an Alba fad nam 10,000 bliadhna a chaidh seachad. 'S e cuid air leth is chudromach de dh'eachdraidh na h-Alba a th' anna. Bidh iad a' cuideachadh gus cruth sònraichte a thoirt do sgìrean na h-Alba agus a' cur ri foghlam, turasachd, seasmhachd agus càileachd na beatha againn an-diugh.

Is tric a bhios làraichean is carraighean àrsaidh breòite agus ann an cunnart. Tha feum aca air riaghladh cùramach gus an tèid an cumail air mhaireann. Faodar dìon laghail a thoirt don fheadhainn air a bheil cuideam nàiseanta le bhith gan ainmeachadh nan 'carraighean clàraichte'. Bidh clàradh a' cuideachadh gus na làraichean is carraighean àrsaidh as cudromaiche againn a dhìon airson maith na dùthcha gu lèir.

*Tha carraighean àrsaidh nan ceangal dha-rìribh ris an àm a dh'fhalbh. Hill of Skellister, tursachan, Sealtainn.  
© Còraichean a' Chrùin, Alba Aosmhor.*



Is e a' bhunait laghail a th' ann mu ainmeachadh is riaghladh air obair air carraighean clàraichte Achd nan Carraighean Àrsaidh agus Sgìrean Arc-eòlais 1979 (air a leasachadh le Achd na h-Àrainneachd Eachdraidheil (Leasachadh) (Alba) 2011). Thathar a' toirt tarraing air seo mar 'an Achd' anns an leabhran seo.

Tha Alba Aosmhor na buidheann-gnìomha aig Riaghaltas na h-Alba. Bidh i a' moladh charraghean airson clàraidh, a' brosnachadh deagh riaghlaidh air carraighean clàraichte agus a' cumail smachd air obair air carraighean clàraichte tro mhodh-obrachaidh cead laghail.

*Bidh Alba Aosmhor a' tairgse fiosrachaidh, comhairle eòlaichean agus taic. An seo, tha Oifigear-riaghlaidh Oighreachd a' toirt comhairle nu obair air an eaglais ann an Cille Choinnich, Earra-Ghàidheal is Bòd. © Còraichean a' Chrìin: Alba Aosmhor.*



## Dè 'n seòrsa làraichean is charraighean a thathar a' clàradh?

Tha na carraighean clàraichte as aosta a' dol air ais 8,000 bliadhna, nuair a thuinich daoine ann an Alba an toiseach. Air an fheadhainn as ùire tha àiteachan-ghunnaichean agus àiteachan-dìona an aghaidh ionnsaighean bhon Dara Cogadh. Eadar an dà cheann, tha raon mòr de charraighean den a h-uile seòrsa, bho dhùintean-adhlacaidh bhon àm ron eachdraidh gu daingnichean Ròmanach, gu clachan snaighte bho àm na Crìosdalachd gu muilnean-gnìomhachais. Tha còrr is 8,000 de charraighean clàraichte sgapte air feadh na h-Alba.



*Lochain-fhiodha bhon 19mh linn air bruach inbhir Chluaidh. Ged as ann air an talamh a tha a' chuid as motha de na carraighean clàraichte, tha cuid nan laighe air a' chladach no fon mhuir © Còraichean a' Chrùin: Alba Aosmhor.*

Tha cuid de làraichean is de charraighean àrsaidh – leithid tursachan bhon àm ron eachdraidh, tobhtaichean de chaistean agus iarmaid-airm bhon 20mh Linn – follaiseach an-diugh. Tha cuid eile nach eil cho follaiseach seach nach do dh'fhàg iad lorg air an uachdar, a thathar a' dìon air sàilleabh fianais cudromach a tha ga gleidheadh fon talamh.



*Faodaidh gun tug treabhadh fad ùineachan lorg làraichean air falbh bhon uachdar. Ach, faodaidh cuid de shuidheachaidhean fàgail mar thoradh gum faodar làraichean fhaicinn bhon adhar (air a bheil comharraidhean-bàirr). Tha an comharraidh-bàirr seo a' sealltainn dìgean ann an campa Ròmanach (sa mheadhan) agus daingneach Ròmanach (dì aig a' bhonn) ann an Dalginross, Peairt is Cinn Rois. © Còraichean a' Chrùin RCAHMS. Ceadaichear [www.rcahms.gov.uk](http://www.rcahms.gov.uk)*

## Dè th' ann an Clàradh?

Bidh Alba Aosmhor a' cur ri chèile is a' cumail suas clàr nan carraighean air a bheil cuideam nàiseanta às leth ministearan na h-Alba. Is e th' ann an clàradh am modh-obrachaidh san tèid carraighean a chur ris a' chlàr seo.

'S e 's adhbhar ris a' chlàradh làraichean is carraighean a ghleidheadh cho math 's a ghabhas sa chruth san tàinig iad a-nuas thugainn an-diugh.

Bidh Alba Aosmhor a' gabhail gnothaich ann an seagh dìreach ris na ceistean air fad a bhios a' bualadh air carraighean clàraichte. 'S ann an urra ri Alba Aosmhor a tha an co-dhùnadh mu dheireadh a thaobh dè thathar a' clàradh.

Bidh Alba Aosmhor a' meas charraighean airson clàraidh a rèir stiùiridh is slatan-tomhais a shocraicheas ministearan na h-Alba. Bidh seo a' cur farsaingeachd mhòr de nithean san àireamh, nam measg cùisean ealain, arc-eòlais, ailtireach, eachdraidheil, dùthchasach, bòidhchead, saidheansail is sòisealta.



*Cha leig carraighean àrsaidh leas a bhith air am maiseachadh no drùidhteach gus a bhith cudromach. Tha an làrach seo aig Stiarabhal sna h-Eileanan Siar air a dèanamh suas de bharpa Neolithic ann an Imse Gall cho math ri àirighean fad an dèidh sin. Tha de chomas aig an làrach fiosrachadh cudromach a thoirt mu chleachdaidhean-tiodhlacaidh san àm ron eachdraidh agus mu chleachdaidhean-àiteachais nas giorra air ais. © Còraichean a' Chrìin: Alba Aosmhor.*

'S e obair leantainneach a th' ann an clàradh. Thòisich clàradh ann an 1822 nuair a chaidh a' chiad Achd Charraighean Àrsaidh aontachadh. Bidh sinn a' measadh nan carraighean às ùr mar a dh'atharraicheas an eòlas agus an tuigse againn air na th' air fhàgail agus a chuideam. Aig amannan, thèid carraighean ath-chlàradh gus am bi na mapaichean is am fiosrachadh suas chun an latha. Tha an obair an lùib ath-chlàraidh mar an ceudna 's a tha airson clàraidh.

Chan ionann clàradh charraighean agus clàradh thogalaichean. Tha clàr togalach ann gus togalaichean eachdraidheil a thathar a' cleachdadh fhathast no a ghabhadh cleachdadh a-rithist a dhìon, agus 's e modh-obrachaidh laghail gu tur eadar-dhealaichte a th' ann. Ach tha an dà chlàr le chèile nam bunait gus taic a chur ris an riaghladh air atharrachaidhean.

Tha barrachd fiosrachaidh ann am *Poileasaidh na h-Alba mun Àrainneachd Eachdraidheil* mu dhìon togalaichean is carraighean cudromach na h-Alba. Tha e a' leagail sìos nan slatan-tomhais gus obrachadh a-mach a bheil cuideam nàiseanta air carragh.



Earrann de ghàrradh-fòid na sheasamh air Balla Antonine nan Ròmanach, mar chuid de Làrach Dualchas na Cruinne a-nis. Ann am mòran shuidheachaidhean, bidh an àrainn chudromach, agus an ìre chlàraichte a rèir sin, a' leudachadh thairis - aig amannan fada thairis - air an shuidheall a ghabhas faicinn. © Còraichean a' Chrùin: Alba Aosmhor.

## Dè tha an obair-clàraidh a' gabhail a-steach?



*Tha luchd-obrach Alba Aosmhor an-còmhnaidh toilichte coinneachadh ri sealbhadairean nuair a thathar a' tadhal air làraichean gus am brìgh a mheas – mar a tha an seo, aig Tom Willol, Sealtainn © Còraichean a' Chrùin: Alba Aosmhor*

mu dheireadh a ghabhail. Bidh an obair a' toirt mu thrì mìosan mar as trice bho thoiseach gu deireadh, ach faodaidh gun toir i nas fhaide.

Bidh sinn cuideachd a' cur fios dhan ùghdarras-dhealbhachaidh ionadail seach gun fheum iad aire shònraichte a thoirt do charraighean clàraichte fo na riaghailtean a thaobh dealbhachaidh.

Mar as trice, 's ann gu sìorraidh a bhios carragh ga clàradh. Ach, faodaidh gun toir sinn carragh far a' chlàir mura bheil e aig an ìre de chàileachd a tha a dhìth tuilleadh – mar eisimpleir, ma dh'atharraicheas an tuigse a th' againn air brìgh na làraich mar thoradh air fiosrachadh ùr, no ma tha cor na làraich air a dhol am mìosad gu mòr.

*Bithar a' toirt mhapaichean do shealbhadairean is luchd-còmhnaidhe gus leud nan àrainnean clàraichte a shealltainn. © Còraichean a' Chrùin: Alba Aosmhor.*

Ma thathar a' gabhail beachd air làrach a bhuineas dhuibh no a riaghlas sibh a chlàradh no ath-chlàradh, cuiridh sinn fios thugaibh a dh'innse dhuibh dè tha a' tachairt is dè a' bhuidheachd a bheir e.

Ann am mòran shuidheachaidhean, bidh againn ri tadhal air an làraich agus cuiridh sinn fios thugaibh gus turas a chur air dòigh. An uairsin, sgrìobhaidh sinn thugaibh ag ràdh co dhiubh a tha sinn am beachd an làrach a chlàradh no ath-chlàradh gus nach eil.

Nuair a bhios am moladh ullamh, thèid fiosrachadh slàn a chur thugaibh agus map den àite a thathar am beachd clàradh. Bheir sinn cuireadh dhuibh ur cuid bheachdan a nochdadh mus tèid an co-dhùnadh



## Ciamar a bhios clàradh a' bualadh orm fhìn?

Chan eil clàradh a' bualadh air sealbh. Fanaidh carragh chlàraichte mar shealbh an neach dham buin e.

Tha sealbhadairean, luchd-còmhnaidhe is manadsairean gu math bunaiteach gus a dhèanamh cinnteach gum mair carraighean clàraichte. Cuidichidh do chuid taice gus an làrach cudromach seo a ghleidheadh gu mòr ri Alba san àm air thoiseach.



*Cladhachadh iathaidh le bacan bhon àm ron eachdraidh aig Dryburn Bridge, Lodainn an Ear, air fhaicinn bhon adhar. Faodaidh làraichean a mhaireas fon ùir a bhith cugallach a thaobh atharrachaidhean air cleachdadh-fearainn. © Còraichean a' Chrùin: RCAHMS. Ceadaichear [www.rcahms.gov.uk](http://www.rcahms.gov.uk)*

Aon uair 's gu bheil carragh air a clàradh, tha cead ann an sgrìobhadh ro làimh bho mhinistearan na h-Alba a dhìth airson a' chuid as motha de dh'obraichean – càradh anns an àireamh. 'S e na th' air seo cead carragh chlàraichte (CCC) (faicibh gu h-ìseal: Obraichean ceadaichte). Tha cead a dhìth cuideachd airson lorgaireachd-mheatailt air carragh chlàraichte (faicibh duilleag 16).

Cha toir clàradh còir sam bith a bharrachd air cothrom poblach agus cha bu chòir gun cuir e ri àireamh an luchd-tadhail. Cha bhi Alba Aosmhor ag adhartachadh cothrom air carraighean clàraichte ann an sealbh prìobhaideach.



*St Olaf's Church, Unst, Sealtainn. Cha bhi clàradh ag atharrachadh nan ullachaidhean farsaing mu chothrom poblach air fearann sa Chòd Albannach mu Chothrom A-muigh (faicibh [www.outdooraccess-scotland.com](http://www.outdooraccess-scotland.com)). © Còraichean a' Chrùin: Alba Aosmhor.*

Tha còir aig Oifigearan a chuireas Ministearan an dreuchd tadhal air na carraighean clàraichte uile nuair a bhios feum ann an èiginn air cothrom no gus a' charragh a sgrùdadh, ach dìreach an dèidh dhaibh oidhirpean reusanta a dhèanamh gus fios a chur dhan t-sealbhadair no dhan neach-chòmhnaidhe an toiseach.

Cha bhi clàradh a' toirt inbhe shònraichte sam bith do dh'arc-eòlaichean mu chothrom, no obair, air fearann ann an sealbh prìobhaideach. Bidh feum aig arc-eòlaichean a bhios ag iarraidh cladhach air carragh chlàraichte air cead bhon t-sealbhadair, cho math ri CCC. Faodaidh an sealbhadair cead a dhiùltadh.

## A' ceannach is a' reic seilbhe far a bheil carragh chlàraichte

Ma bhios sibh a' reic, tha e na chuideachadh fios a thoirt don neach-cheannaich gu bheil carragh chlàraichte air an fhearann, agus cur air dòigh gun tèid na sgrìobhainnean-clàraidh a thoirt don t-sealbhadair ùr; bidh seo a' cuideachadh gus a dhèanamh cinnteach gun tèid a' charragh a dhìon fhathast. Tha clàr ga chumail aig Alba Aosmhor le fios mu shealbhadairean is luchd-còmhnaidhe. **Feuch an leig sibh fios thugainn mas e ur toil e mu atharrachaidhean air sealbh no còmhnaidh gus am faod sinn na clàraidhean againn a chumail ris an uair.**

Ma bhios sibh a' ceannach, bu chòir don neach-lagha agaibh faighinn a-mach a bheil carragh chlàraichte ann tro chlàr an fhearainn ri linn an rannsachaidh àbhaistich. Tha am fiosrachadh cuideachd ri fhaotainn an-asgaidh air làrach-lìn Alba Aosmhor: <http://data.historic-scotland.gov.uk> (faicibh gu h-ìseal: *Cìamar as urrainn dhomh faighinn a-mach dè tha clàraichte*).

## Obair air carraighean clàraichte

### Obair cheadaichte

Tha cead carragh chlàraichte (CCC) ga rianachd le Alba Aosmhor às leth Ministearan na h-Alba. Fon Achd, tha obair air a comharrachadh mar rud sam bith a dh'adhbharaicheas leagail no sgrios air carragh chlàraichte, obair sam bith gus carragh a thoirt air falbh no a chàradh, no còmhdachadh sam bith le uisge no stuth-lìonaidh.

Tha raon farsaing de dh’obraichean far a bheil cead a dhìth, mar eisimpleir, cur suas *polytunnels*, leagail no cur chraobh, cur suas fheansaichean, càradh dhrèanaichean agus cladhachadh àrsaidh – is eile.

Bidh feum agaibh air CCC fhathast ma bhios sibh a’ feuchainn ris a’ charragh a dhìon no a chàradh. Tha e furasta cron a dhèanamh do charragh gun rùn.

Tha cuid de dh’obraichean far nach eil feum air CCC oir thathar a’ meas gun d’fhuair iad cead, fo chumhaichean *Òrdugh nan Carraghean Àrsaidh (Seòrsaichean Cead) (Alba) 1996*. Mar eisimpleir, mas e gun deach treabhadh a dhèanamh gu laghail air carragh ann am fad deich bliadhna suas dhan latha nuair a thòisicheas an obair, faodaidh treabhadh coltach ris a chumail fhathast gun CCC. Ach chan eil a h-uile seòrsa obair-àiteachais ga còmhach le seòrsaichean de chead. Tha e cudromach toirt fa-near gum biodh a’ chuid as motha de dh’atharrachaidhean air dòigh-àiteachais a bh’ ann roimhe (mar eisimpleir, treabhadh nas doimhne, ùradh fon talamh no obair-dhrèanaidh) feumach air CCC. An aghaidh sin, cha bhiodh atharrachadh air cleachdadh bho threabhadh gu ionaltradh feumach air CCC.

’S fheàrr ur cuid mholaidhean a dheasbad le Alba Aosmhor (Oifigear-rianachd Dualchais na sgìre agaibh) mus cuir sibh a-steach iarrrtas airson cead. Cha bhi Alba Aosmhor a’ cur cìse airson iarrrtasan no comhairle. Tha na h-Oifigearan-rianachd Dualchais againn toilichte comhairle a thairgse mu mholaidhean aig ìre thràth. Faodaidh gun cuir seo air chomas gun tèid cead a thoirt nas luaithe. Tha obraichean sam bith air carragh chlàraichte feumach air cead bhon t-sealbhadair is bhon neach-chòmhnaidhe, a bharrachd air CCC. Mura buin am fearann dhuibh fhèin, feumaidh sibh fios a chur dhan t-sealbhadair gu bheil sibh ag iarraidh cead fhaighinn.



*Bidh Alba Aosmhor a’ brosnachadh deasbairteachd aig ìre thràth mu obraichean a thathar a’ moladh. © Còraichean a’ Chrùin: Alba Aosmhor.*

Tha barrachd fiosrachaidh air làrach-lìn Alba Aosmhor agus san iùl  
*Managing Change in the Historic Environment: Works on scheduled monuments.*

## Obraichean gun ùghdarras

'S e eucoir a th' ann obraichean gun ùghdarras sam bith a tharraing a-mach, no leigeil le obraichean gun ùghdarras a bhith gan tarraing a-mach air carragh chlàraichte gun chead.

Feuchaidh Alba Aosmhor ri bhith ag obair le sealbhadairean is feadhainn eile gus a dhèanamh cinnteach gun gèillear dhan Achd. Ma thèid an Achd a bhriseadh, thèid obair-sparraidh a ghabhail os làimh air mhodh iomchaidh, bho litir-chomhairleachaidh, bàirligeadh foirmeil mu sparradh, no cur air adhart gu Neach-casaid a' Chrùin.

## A' cur a-steach airson Cead Carragh Chlàraichte

Faodaidh sibh cur a-steach airson CCC tro bhileig ann an cruth pàipeir no dealanach. Bidh seo ag iarraidh fiosrachaidh mun charragh, mun t-sealbhadair (cha leig e leas a bhith mar an neach a dh'iarras an cead) agus mu na h-obraichean a tha san amharc. Tha a' bhileag seo ri faotainn air làrach-lìn Alba Aosmhor no bho Bhuidheann-stiùiridh Riaghladh Dualchais againn aig [hs.smc@scotland.gsi.gov.uk](mailto:hs.smc@scotland.gsi.gov.uk). Bu chòir dhuibh gu leòr de dh'fhiosrachadh a thoirt seachad gus am faodar an obair a tha san amharc agus a' bhuidhean air a'

*Caisteal nan Ceanadach, Dùn Phris is Gall-ghàidhealaibh. Bhiodh glanadh an eadhinn le cùram na bhuannachd don charragh chlàraichte seo agus bhiodh e feumach air Cead mu Charragh Chlàraichte (CCC). © Còraichean a' Chrùin: Alba Aosmhor.*



charragh a thuigsinn, le map a' sealltainn suidheachadh na h-obrach. 'S fheàrr ur cuid mholaidhean a dheasbad le Oifigear-rianachd Dualchais na sgìre agaibh mus cuir sibh a-steach iarrtas airson cead.


Bidh obair CCC mar as trice a' toirt suas ri naoi seachdainean bho thoiseach gu deireadh. Tha gach iarrtas ga mheas air leth. 'S dòcha mar chuid den bhreithneachadh a nì sinn air iarrtas gun tadhail ball den luchd-obrach againn gus a' charragh a sgrùdadh agus/no an t-iarrtas a dheasbad.

Nuair a dh'fhaodar gabhail ris an obair, faodaidh cead a thoirt gun chumhaichean. Mar as trice bidh cead gun chumhaichean ga sgaoileadh an taobh a-staigh còig seachdainean an dèidh dhuinn an t-iarrtas fhaighinn.

Aig amannan, bidh aig Alba Aosmhor ri cumhaichean a chur ris a' chead, no fiù 's cead a dhiùltadh. 'S na suidheachaidhean seo, thèid beachd le cumhaichean a thoirt seachad an taobh a-staigh còig seachdainean. Faodaidh sibh gabhail ris a' bheachd le cumhaichean an taobh a-staigh 28 latha, no faodaidh sibh ìmpidh a chur air Alba Aosmhor.

Mura gabh aonta toirt a-mach, nì ministearan na h-Alba co-dhùnadh ciamar a thèid an t-iarrtas a shocrachadh. 'S dòcha gum bi seo mar bheachdan ann an sgrìobhadh, èisteachd no rannsachadh poblach ionadail, no mar chothramachadh dhiubh seo. 'S iad ministearan na h-Alba a ghabhas an co-dhùnadh mu dheireadh mu mholaidhean aithisgiche an rannsachaidh.

*Ìomhaighean ro làimh (lì) is an dèidh làimhe (ceart) a' sealltainn luchd-obrach a' glanadh fais chronail air falbh bho dhùn-Cruithneach aig Loch Bhrùna sa Ghàidhealtachd. © Còraichean a' Chrùin: Alba Aosmhor.*



Ma tha carragh, tha dìreach CCC a dhìth airson obair sam bith. Ach faodaidh gum bi Cead Togalach Clàraichte (CTC) fhathast a dhìth airson obraichean air sam bith an taobh a-muigh no air a dùnadh a-mach bho àrainn a' chlàraidh. Bu chòir CTC iarraidh air an ùghdarras ionadail agaibh, a dh'fhaodas comhairle a thoirt dhuibh.

## Ciamar as urrainn dhomh faighinn a-mach dè tha clàraichte?

Tha am fiosrachadh a th' ann an-dràsta mu na carraighean air a' Chlàr ri fhaotainn air làrach-lìn Alba Aosmhor aig <http://data.historic-scotland.gov.uk>. An seo, faodaidh sibh mapaichean agus sgrìobhainnean laghail ceangailte ri gach carragh chlàraichte a luchdachadh a-nuas, agus faighinn a-mach mu dhòighean-ainmeachaidh eile, mar liostachadh. Faodaidh sibh am fiosrachadh seo iarraidh oirnn gu dìreach cuideachd mas fheàrr leibh.

Tha sgrìobhainnean-clàraidh cuideachd rim faotainn do neach sam bith a' rannsachadh Clàr an Fhearainn airson an tiotail air sealbh.

Tha Alba Aosmhor cuideachd a' nochdadh a cuid fiosrachaidh air PASTMAP ([www.pastmap.org.uk](http://www.pastmap.org.uk)), làrach-lìn a chaidh a chur ri chèile còmhla ris a' Choimisean Rìoghail air Carraighean Àrsaidh is Eachdraidheil na h-Alba, far am faod sibh rannsachadh airson fiosrachaidh air àrainneachd eachdraidheil na h-Alba à iomadh àite.



*Eisimpleir de shmaigheadh ann an creagan bhon àm ron eachdraidh, air a dhèanamh suas air a' chuid as motha de chomharraidhean chuachan is fhàinneachan, air garbhach faisg air Achadh nam Breac, Earra-Chhàidheal is Bòd.  
© Còraichean a' Chrùin: Alba Aosmhor.*

## A' gabhail cùraim de charraighean clàraichte

Tha mòran charraighean clàraichte seasmhach is gun a bhith feumach ach air beagan de chùram, ach bheir cuid buannachd à atharrachaidhean beaga air cleachdadh-fearainn a nì cinnteach nach bi milleadh sam bith le tuiteamas ann. Bheir cuid eile buannachd à riaghladh nas gnìomhaiche far am bi feum aig amannan air cothrom air eòlas tèòma air glèidhreachas.

'S e 'n t-aineolas a' bhagairt as motha a th' ann air dualchas an arc-eòlais againn. Faodaidh gun tèid làraichean a mhilleadh no a leigeil air dhearmad seach nach eil fios aig daoine gu bheil iad ann, cho cudromach is a tha iad no dè 'n obair a bhios gam milleadh. Tha e air leth cudromach dèanamh cinnteach gum bi fios aig a h-uile duine ag obair air an fhearann agaibh (luchd-cunnaidh nam measg, nach bi cho eòlach anns an sgìre agaibh) gu bheil làraichean clàraichte air an talamh. Ma cheadaicheas sibh obair a nì cron air carragh chlàraichte, faodaidh gun tèid a choire a chur oirbhse.

Bidh Alba Aosmhor a' brosnachadh deagh riaghlaidh air carraighean. Faodaidh sinn cuideachadh le bhith a' tairgse comhairle, thabhartasan is le bhith a' dèanamh aontaidhean. Faodaidh an luchd-obrach againn ri rianachd air an Dualchas comhairle an-asgaidh a thairgse mun dòigh as fheàrr gus carraighean clàraichte a riaghladh, cho math ri stiùireadh mun taic-ionmhais a dh'fhaodadh a bhith ri fhaotainn. Faodaidh sealbhadairean is luchd-còmhnaidhe fios a chur thugainn aig àm sam bith airson comhairle an-asgaidh.

Bidh na h-Oifigearan Sgìreil againn a' tadhal air làraichean clàraichte is air sealbhadairean bho àm gu àm. Bidh iad a' toirt sùil air cor na làraich, a' tairgse comhairle mu riaghladh charraighean is a' dèanamh cinnteach gum bi fios aig a h-uile duine le ùidh san làraich an-dràsta gu bheil inbhe air a dìon aice.



*Airson obair a chuireas ri cor carraighean no a seasmhachd.  
© Còraichean a' Chrìin: Alba Aosmhor.*

Faodaidh gun toir clàr Prògram Thabhartasan Làraich Àrsaidh Alba Aosmhor taic-ionmhais a chuidicheas gus carraighean a dhìon is a chumail suas, agus ann an cuid de shuidheachaidhean a thoirt dhan phoball. Faodaidh sealbhadairean charraighean, riaghladairean-fearainn no buidhnean eile ag obair le cead sgrìobhte an sealbhadair cur a-steach airson thabhartasan.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu ghabhail cùraim de charraighean is mu thaic-ionmhais a dh'fhaodadh a bhith ri fhaotainn do shealbhadairean is luchd-còmhnaidhe charraighean clàraichte san leabhran againn *Managing Scotland's Archaeological Heritage*.

### Lorgaireachd-mheatailt agus carraighean clàraichte

'S e eucoir a th' ann lorgair-meatailt a chleachdadh air carragh chlàraichte gun chead ann an sgrìobhadh ro làimh bho mhinistearan na h-Alba. Tha seo a' tighinn bho earrann 42 de dh'Achd nan Carraighean Àrsaidh agus Sgìrean Arc-eòlais 1979. Tha bileagan-iarrtais airson cead fo earrann 42 rim faotainn air làrach-lìn Alba Aosmhor no bho Luchd-stiùiridh Rìaghladh an Dualchais againn aig [hs.smc@scotland.gsi.gov.uk](mailto:hs.smc@scotland.gsi.gov.uk).



Mar as trice, iarraidh lorgairean cùramach cead luchd an fhearainn mus dèan iad obair air an fhearann aca, agus seachnadh iad làraichean air an dìon gu laghail is obair a dh'fhaodadh cron a dhèanamh air àiteachan cugallach. Ma dh'iarras lorgair-meatailt cead oirbh lorgaireachd air làrach chlàraichte, bu chòir dhuibh innse dha gu bheil an làrach air a dìon ga laghail, gu bheil lorgaireachd-mheatailt feumach air cead ann an sgrìobhadh ro làimh bho mhinistearan na h-Alba, agus an stiùireadh gu Alba Aosmhor.

*Tha lorgaireachd-mheatailt air carragh chlàraichte feumach air cead ann an sgrìobhadh ro làimh bho mhinistearan na h-Alba. © Còraichean a' Chrìin: Alba Aosmhor.*

Mura gabh iad feart oirbh, no ma thòisicheas iad air an obair gun cead iarraidh, agus ma tha sibh den bheachd gu bheil iad air àrainn chlàraichte, cuiribh fios gu Stèisean a' Phoileis agaibh cho luath 's a ghabhas. Nam b' urrainn dhuibh innse do dh'Alba Aosmhor cuideachd mu leithid a bhith a' tachairt, bhiomaid nur comain.

Tha leabhran saor an-asgaidh eile aig Alba Aosmhor air lorgaireachd-mheatailt, carraighean clàraichte is an lagh. Cuiribh fios thugainn mas e ur toil e ma bhios copaidh a dhith oirbh.

## Fios thugainn agus ceanglaichean ri buidhnean eile

### **Alba Aosmhor**

Airson comhairle air carraighean clàraichte, copaidhean de na foillseachaidhean air a bheil iomradh gu h-àrd no barrachd chopaidhean den leabhrann seo, cuiribh fios gu:

Sgioba-clàraidh is Mara Alba Aosmhor

Taigh Longmore

Ionad Salisbury

Dùn Èideann

EH9 1SH

Fòn: 0131 668 8766

Post-dealain: [hs.schedulingteam@scotland.gsi.gov.uk](mailto:hs.schedulingteam@scotland.gsi.gov.uk)

Cuidichidh e rinn gus gnothach a ghabhail ris a' cheist agaibh gu h-èifeachdach ma thèid agaibh air innse dhuinn dè 'n t-ùghdarras ionadail sa bheil làrach agus iomradh air clàr-dùthcha agus/no ainm is àireamh chlàraichte a thoirt dhuinn.

Ceistean mu riaghladh air carraighean, CCC no tabhartasan gu:

Fòn: 0131 668 8770

Post-dealain: [Hs.Heritagemanagement@scotland.gsi.gov.uk](mailto:Hs.Heritagemanagement@scotland.gsi.gov.uk)

### **An Coimisean Rìoghail air Carraighean Àrsaidh is Eachdraidheil na h-Alba**

'S e an Coimisean a' bhuidheann nàiseanta ris a bheil sgrùdadh is clàradh nan carraighean ailtireach is àrsaidh bhon a h-uile linn an Alba an urra, is a chruthaicheas an stòr-dàta nàiseanta de làraichean is de charraighean àrsaidh, ag obair gu dlùth le seirbheisean-àrsaidhd nan comhairlean. Cha bhi an Coimisean

a' toirt comhairle mu ghleidheadh is riaghladh làraichean no charraighean – bu chòir sin fhaighinn bho sheirbheisean-arc-eòlais nan comhairlean (làraichean gun chlàradh) no Alba Aosmhor (carraighean clàraichte). Tha an Coimisean a' cur fàilte air daoine a bhith a' tadhal air a chuid chruinneachaidhean. Cha leig sibh leas coinneamh a shocrachadh, ach thathar a' moladh fòn a chur ro làimh:

RCAHMS, Taigh Sir John Sinclair, 16 Bernard Terrace, Dùn Èideann  
EH8 9NX Fòn: 0131 662 1456; Facs 0131 662 1477/1499  
[www.rcahms.gov.uk](http://www.rcahms.gov.uk)

### **Seirbheisean-arc-eòlais nan comhairlean**

Cuiribh fios gu arc-eòlaiche no seirbheisean-arc-eòlais na comhairle ionadail agaibh (stèidhichte aig an ùghdarras-dhealbhachaidh gu tric) airson stiùireadh mu riaghladh air leasachadh no riaghladh air carraighean gun chlàradh. Faicibh [www.archaeologyscotland.org.uk/?q=node/214](http://www.archaeologyscotland.org.uk/?q=node/214) airson liosta choileanta de sheirbheisean-arc-eòlais nan comhairlean.

### **Arc-eòlas Alba**

Bidh Arc-eòlas Alba a' co-òrdanachadh is a' riaghladh sgeama Gabhail-ri-carragh. Bidh an Comhairliche Dreach-tìre aice ag obair le luchd-tuathanachais is luchd-croitreachd, comhairlichean-àiteachais, riaghladairean-fearainn is feadhainn eile gus riaghladh is tuigse air arc-eòlas ann an suidheachadh na tuatha a leasachadh.

Fòn: 0845 872 3333

Post-dealain: [info@archaeologyscotland.org.uk](mailto:info@archaeologyscotland.org.uk)

[www.archaeologyscotland.org.uk](http://www.archaeologyscotland.org.uk)

### **Aonad nan Ulaidhean**

Cuiribh fios gu Aonad nan Ulaidhean gus innse mu fhaodail no airson barrachd fiosrachaidh mun lagh airson innse mu Ulaidhean is mu fhaodail.

Fòn: 0131 247 4355

Post-dealain: [info@treasuretrovescotland.co.uk](mailto:info@treasuretrovescotland.co.uk)

[www.treasuretrovescotland.co.uk/](http://www.treasuretrovescotland.co.uk/)

## Gearannan mu rianachd

Tha Achd Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba 2002 na mhodh sìmplidh is èifeachdach sam faod daoine gearan a thogail mu dhroch rianachd is libhrigeadh-sheirbheisean ag èirigh à obair le ùghdarrasan poblach ann an Alba.

Faodar gearan a thogail le neach (no a chuid riochdairean, BPA no comhairliche ionadail nam measg) an taobh a-staigh dà mhìos deug an dèidh an latha air an d'fhuair an neach fios mu adhbhar a' ghearain. Faodaidh sibh fios a chur dhan ombudsman aig an t-seòladh a leanas:

Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba  
post-saor EH641  
Dùn Èideann EH3 0BR  
[enquiries@scottishombudsman.org.uk](mailto:enquiries@scottishombudsman.org.uk)

## Goireasan is Foillseachaidhean air an Lìon

Làrach-lìn Alba Aosmhor airson fiosrachaidh mu charraighean clàraichte aig: <http://www.historic-scotland.gov.uk/index/heritage/searchmonuments.htm>

Faodaidh sibh cuideachd mapaichean is fiosrachadh air carraighean clàraichte a rannsachadh, a shealltainn is a luchdachadh a-nuas, agus dreach pdf de sgrìobhainnean laghail, air làrach-lìn Alba Aosmhor: <http://data.historic-scotland.gov.uk>

Poileasaidh Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba aig: <http://www.historic-scotland.gov.uk/shep-dec2011.pdf>

Tha fios mun Mheasadh air Cleachdadh-fearainn Eachdraidheil ri fhaotainn tro HLAmap aig <http://hla.rcahms.gov.uk/>

Tha Clàr nan Gàrraidhean is nan Dealbhan-tìre aig: <http://www.historic-scotland.gov.uk/gardens>

Tha Clàr nam Blàran Eachdraidheil aig: <http://www.historic-scotland.gov.uk/battlefields>

Tha suidheachadh nan làraichean is nan carraighean uile air a bheilear eòlach (clàraichte is gun chlàradh) agus nan dealbhan-tìre eachdraidheil air an dìon, air a thaisbeanadh air PASTMAP aig [www.pastmap.org.uk](http://www.pastmap.org.uk)

Gheibhear fiosrachadh air **longan eachdraidheil** aig: <http://www.historicscotland.gov.uk/index/heritage/wrecksites.htm>

Am measg nan **leabhran is nan luchdachaidhean an-asgaidh** bho Alba Aosmhor, tha:

- *Managing Change in the Historic Environment: Works on Scheduled Monuments*
- *Scheduled Monuments: A Guide for Owners, Occupiers and Managers*
- *Grants for Ancient Monuments: A Guide to Grants Available for the Maintenance and Management of Ancient Monuments*
- *Archaeology on Farm and Croft*
- *The Control of Vegetation on Scheduled Monuments and Other Archaeological Sites*
- *Metal Detecting, Yes or No? Metal Detecting, Scheduled Monuments and the Law*
- *The Carved Stones of Scotland: A Guide to Helping in their Protection*
- *The Inventory of Gardens and Designed Landscapes in Scotland: A Guide for Owners, Occupiers and Managers*
- *Historic Shipwrecks: A Guide for Visitors, Investigators and Managers*
- *Guide to the Protection of Scotland's Listed Buildings: What Listing Means to Owners and Occupiers*
- *Managing Scotland's Archaeological Heritage*

Tha **Comhairle Theicnigeach** air riaghladh is gleidheadh charraighean ri faotainn ri ceannach bho Alba Aosmhor, leithid:

*TAN 16: Burrowing Animals and Archaeology; agus*

*TAN 17: Bracken and Archaeology*

Airson fiosrachaidh is comhairle air **cothrom** ann an Alba, tadhlaibh air: [www.outdooraccessscotland.com/](http://www.outdooraccessscotland.com/)

Gus copaidhean fhaighinn, cuiribh fòn gu: 0131 668 8638 no post-dealain gu: [hs.cgpublications@scotland.gsi.gov.uk](mailto:hs.cgpublications@scotland.gsi.gov.uk).